

Bòrd MG ALBA

BBC PQ, Glaschu

Dihaoine 2 Ògmhios 2017, 10000-1300

Dreachd geàrr-chunntas

Bòrd:	Magaidh Choineagan (<i>sa Chathair</i>)	Calum MacFhearghais
	Daibhidh Brew	Iain Stephen Moireasdan
	Catriona Nic a' Phì	Jo NicDhòmhnaill
	Màiri Kidd	

Luchd-obrach: Dòmhnull Caimbeul (*Àrd-Oifigear*)

Niall M. Greumach (*Stiùiriche Ionmhais*)

Iseabail Nic an t-Sagairt (*Stiùiriche Leasachaидh & Co-bhanntachdan*)

Chris Dòmhnullach (*Stiùiriche Obrachaидh*)

Màiri Anna NicAonghais (*a' sgrìobhadh geàrr-chunntas*)

Mairead Chamshron (*Deasaich Seanail*) airson puing 13

An làthair: Mairead Màiri Mhoireach (*Ceannard Seirbheis*) airson puingean 11-14

Gnothaichean gnàthach

1. Buill a-mhàin

Chaidh puing 18 (Poileasaидh: Duais sheirbheis fhada) a dheasbad le buill a-mhàin. Cho-dhùin buill nach biodh e cothromach ghabhail ris an seòrsa poileasaидh seo. Tha buidhnean poblach eile air cur às dha leithid.

2 Leisgeulan

Dùghall MacAmhlaigh, Donaidh MacAmhlaidh.

3. Gnothach Dearbhte

Jo NicDhòmhnaill – Opry an liùr le Bees Nees

Iain Stephen Moireasdan – An Taghadh air BBC ALBA agus air BBC Radio nan Gàidheal

Catriona Nic a' Phì - Farpaisean Chon Chaorach agus Device Squad le Bees Nees.

Magaidh Choineagan – agallamh le Bees Nees.

4 Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh: 23/2/17 + 21/3/17

An dèidh mearachd litreachaidh a cheartachadh, agus aon bhall nach robh ainmichte mar làthair a chuir mar làthair aig na coinneamhan, aontaichte.

5. Gnothaichean ag èirigh

Ceannachd chòraichean. Chaidh innse gu bheil còmhraidhean a' leantainn mu bhith a' ceannachd chòraichean phrògraman bho chompanaидh a tha gu bhith a' dol à bith, agus chaidh aontachadh poileasaidh a stèidheachadh airson cuideachadh le suidheachaidhean mar seo a' dol air adhart. Thig seo chun bhùird aig an ath choinneamh. (Gníomh: NMG)

Comataidh Ainmeachaидh (Nominations). Chaidh còmhradh a chumail mu bhuanachdan

Comataidh Ainmeachaидh gus cuideachadh le planadh iar-theachdail (succession planning).

Chaidh aontachadh còmhraidhean a chumail le Ofcom gus meatrags air sgilean Bùird a chruthachadh gus cuideachadh le bhith a' cur an dreuchd buill ùra. Chaidh a chomharrachadh gu robh teirm cuid a bhuill a' tighinn gu deireadh aig an aon àm agus gu bheil e cudromach gu bheil seo air a dhèanamh mus bi Ofcom ann an suidheachadh a bhith a' sanasachadh airson buill. Chaidh iarraidh air an t-Àrd-Oifigear bruidhinn ris a' Chathraiche le amas gum bi pàipear air beulaibh a' Bhùird san t-Sultain. (Gníomh: DC)

Buaidh Spòrs air Gàidheil òga. Tha dùil ri rannsachadh bho TRP an ceann 10 là agus thèid a sgaoileadh air bhuill (Gníomh: IMT)

6 Aithris bhon Chathraiche

Bha an Cathraiche an làthair aig Fèis nam Meadhanan Ceilteach agus chaidh fàilte a chuir air an duais a chaidh a bhuleachadh air Spòrs na Seachdain.

Choinnich an Cathraiche ri Stiùiriche Nàiseanan agus Roinnean a' BhBC, le dùil ri coinneamh eile a dh'aithghearr.

Thèid coinneachadh ri Rùnairean a' Chaibineit ann an ùine ghoirid.

Bidh Sgrùdadh Chosgaisean (Spending Review) a' gabhail àite as t-Fhoghar. 'S e aonta tri bliadhna ris a bheil dùil le Riaghaltas na h-Alba agus chaidh a chomharrachadh cho cudromach 's a bha e a bhith mar phàirt dheth. Bha e cudromach gun cuireadh an Riaghaltas an £1m a tha iad a' cur ris a' mhaoin againn gach bliadhna air stèidh mhaireannach an àite a bhith na adhbhar deasbaid gach bliadhna.

7. Aithisg Bhliadhnaidh Chomataidh Inbhean

Thug Cathraiche na Comataidh aithris mun coinneamh air 27/4/17.

Bha aithisg bhliadhnaidh na Comataidh airson 2016/17 a' gabhail a-steach fèin-mheasadh na Comataidh agus Clàr-obrach 2017/18 air beulaibh Bhall, a rèir Sgeama Chumhachdan Tiomnaichte MG ALBA. Chaidh iomradh a thoirt orra le Cathraiche na Comataidh agus bha buill riaraichte.

Thug an Cathraiche iomradh air toraidhean na fèin measaidhean. Bha buill riaraichte le obair na Comataidh agus mhol iad na leanas:

- aire a thoirt do thrèanadh airson buill agus airson dòigh-obrachaидh na Comataidh;
- ann a bhith ag ullachadh nan cuspairean, gun cuireadh an Sgioba Àrd-stiùiridh cuideam air gnothaichean a cheadaicheas dhan Chomataidh tuilleadh a dhèanamh aig ère poileasaidh;

- gum biodh pàipearan nan coinneamhan ag innse barrachd air mar a tha na pasgain a' cur ri amasan Lèirsinn 2021 airson na h-ath 4 bliadhna;
- gun tigeadh an riochdaire spòrs chun na h-ath choinneamh den Chomataidh airson innse mun lèirsinn aca airson teirm a' chùmhaint;
- gun deigheadh taisbeanaidhean bho riochdairean a sgaoileadh air buill ro-làimh;
- gun rachadh àite ro-innleachdail BBC ALBA mar chraoladair ann an Alba a chuir air clàr a' Bhùird airson na h-ath choinneimh. (Gníomh: DC).

Chaidh an còmhradh a bha aig a' Chomataidh air 27/4/17 mu ìre Gàidhlig ann am prògraman a chomharrachadh.

Chaidh taing a thoirt do Chathraiche agus do bhuill na Comataidh airson an cuid obrach.

8. Aithris bho Chathraiche Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh

Thug Cathraiche na Comataidh aithris mun choinneamh air 18/5/17.

Bha aithisg bhliadhnailean na Comataidh airson 2016/17, a' gabhail a-steach fèin-mheasadh na Comataidh, air beulaibh Bhall, a rèir Sgeama Chumhachdan Tiomnaichte MG ALBA, agus chaidh iomradh a thoirt oirre le Cathraiche na Comataidh. Chaidh aontachadh ris an aithisg agus ri dreach clàr-obrach airson 2017/18.

Dh'innis an Cathraiche gun robh cumadh is susbaint Aithisg Bhliadhnailean MG ALBA airson na bliadhna 2016-17 cothromach agus so-thuigsinn (fair, balanced and understandable) a rèir an Luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh agus gun robh a' Chomataidh ga mholadh dhan Bhòrd.

Chaidh aontachadh aig coinneamh na Comataidh gun tèid dreach de dh'aithisgean an Àrd-Oifigeir agus na Cathraiche an sgrìobhadh ro dheireadh a' Mhàirt an ath-bhliadhna.

Dh'innis an Cathraiche gun d' thug an luchd-sgrùdaidh seachad beachd nach robh cuspairean, atharraichean no foillsichidhean susbainteach a bharrachd a dhìth air na Cunntasan Reachdail.

Chaidh barantas a thoirt seachad gun robh a' Chomataidh a' cumail sùil iomchaidh gu cunbalach air Clàr nan Cunnartan.

Thug an Cathraiche iomradh air an fhèin-mheasadh, a bha a' moladh gu bheil a' Chomataidh a' libhrigeadh ghnothaichean sgrùdaidh agus dearbhaidh gu math, le measadh co-mheasgachte de 97.6%. Tha a' Chomataidh air deasbad a dhèanamh air an fhèin-mheasadh agus air aontachadh gu bheil ceumann ann a dh'fhaodadh a bhith air an gabhail gus èifeachdach na Comataidh a leasachadh, mar a leanas:

- Leasachadh air manайдseadh chunnartan tro dheasbad le gach ceannard roinne ma seach aig coinneamhan na Comataidh a thuilleadh air coimiseanadh aithisg in-sgrùdaidh ann an 2017
- Fòcas a bharrachd air aithris mhanaidsearan air KPIs tro Dashboard an Àrd-Oifigeir agus aithris co-cheangailte aig gach coinneamh den Chomataidh
- Trèanadh, gu h-àraig airson buill ùra tro làthaireachd air càrsa aon là de chùrsa CIPFA course (no rudeigin co-ionnan) air "Effective Audit Committee"
- Sealladh nas tràithe de dreachd aithris na h-Aithisg Bhliadhnailean bhon Chathraiche agus bhon Àrd-Oifigeir – ro 31 Màrt ann an 2018 agus bliadhna ri teachd.

Chaidh taing a thoirt do Chathraiche agus do bhuill na Comataidh airson an cuid obrach.

9 **Cuir an sàs luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh**

Aig coinneamh Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh air 18/5/17, chaidh aontachadh moladh a chuir chun Bhùird gun tèid Deloitte LLP an cuir an sàs mar luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh airson bliadhna eile, 2017/18. Chaidh a chomharrachadh gur e cùmhnant trì bliadhna a bh' ann leis a' bhuidheann, le roghainn sìneadh dà bliadhna a thairgse, agus gun robh Deloitte a-nis air a cheathramh bliadhna a choileanadh. Chaidh aontachadh Deloitte LLP a chuir an sàs mar luchd-

sgrùdaidh bhon taobh a-muigh airson 2017/18, agus gum biodh pròiseas farpaiseach ann airson 2018/19.

10 Fèin mheasadh a' Bhùird

Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh còmhradh a chumail. Chaidh aontachadh gun cuireadh buill beachdan air ais chun Chathraiche agus gum biodh seo mar phuing aig an ath choinneamh. (Gníomh: MAMI)

11 Aithisg an Àrd-Oifigeir

Bha aithisg air beulaibh bhall agus chaidh còmhradh a chumail. Bha buill riaraichte agus chaidh taing a thoirt dhan Àrd-Oifigear agus an Sgioba Àrd-stiùiridh airson an cuid obrach.

12 Ro-shealladh ro-innleachdail air prògraman

Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh mu cho-dhùnaidhean mu phrògraman, gus tuigse fhaighinn air ère coileantachd ro-innleachd luchd-coimhid na seanail, agus aig a' cheart àm, mar a bhathas a' coileanadh amasan Lèirsinn 2021, gu sònraichte Amas 1 (seirbheis nas coileanta do dhaoine le Gàidhlig) agus Amas 2 (buaidh nàiseanta).

Chuir buill fàilte air an fhiosrachadh ach chaidh iarraidh gun deigheadh an tuilleadh obrach a dhèanamh air ciamar a bhathas dha shealltainn gus a dhèanamh nas ionlan. (Gníomh: IMT)

13 Tasglann nam meadhanan Gàidhlig

Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh gluasad an teicneòlais, a tha a' cur ìmpidh air a' ghniomhachas gluasad bho theipichean gu faidhleachan eileagtronaigeach (File Based Delivery no FBD) agus a' bhuaidh a bhios aig an seo air tasglann na buidhne agus ar dòigh obrach le Leabharlann Nàiseanta na h-Alba, agus chaidh deasbad a chumail.

Chaidh innse le teicneòlas ùr gur e amas na buidhne gum bi tasglann didseatach nam meadhanan Gàidhlig coileanta ann airson na h-ama ri teachd air an dìon-stòraichte agus furasta faighinn thuca, le prògraman MG ALBA (an fheadhainn a bhios air faidhleachan bho seo a-mach agus an fheadhainn a tha fhathast air teipichean), a' BhBC agus cruinneachaidhean eile.

Chaidh a chomharrachadh gu robh dleastanas air MG ALBA tasglann a chumail airson adhbharan obrachaidh, ach gur e cothrom air leth a bha seo co-obrachadh le buidheann eile airson prògraman a ghlèidheadh air adhbharan dualchais is càinain. Ann am prionnsabal bha buill riaraichte agus chaidh aontachadh a) gun deigheadh an tuilleadh obrach a dhèanamh air plana gniomhachais airson a' phròiseict, le dòchas gum biodh goireasan ri fhaighinn bho Riaghaltas na h-Alba; b) gun robh e riatanach gum biodh Leabharlann Nàiseanta na h-Alba an-sàs; c) gun tèid bruidhinn ri Leabharlann Nàiseanta na h-Alba a thaobh am plana Gàidhlig aca agus d) gun coinnich Deasaiche na Seanail ri Cathraiche gach Comataidh gus cùisean a għluasad air adhart. (Gn̄iomh: MC)

14 Ro-innleachd didseatach

Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.

Tha fianais a' dearbhadh gu bheil luchd-coimhid òg (18-35) a' seachnad seanailean loidhneach agus a' coimhead susbaint air ùrlaran eile. Tha droch bhuaidh air a' chrònadh ann an luchd-coimhid òg air àireamhan luchd-coimhid BBC ALBA, an dà chuid a thaobh luchd-coimhid nàiseanta agus an luchd-coimhid Gàidhlig. A bharrachd air 18-35 ge-tà, tha luchd-coimhid BBC ALBA cuideachd lag airson aois 35-44.

Chaidh iomradh a thoirt air na prionnsabalan airson Ro-innleachd Didseatach, le fuasglaidhean a thaobh susbaint agus fuasglaidhean a thaobh margaidheachd. Chaidh a chomharrachadh cho cudromach 's a bha e seo fhaighinn ceart agus bha buill riaraichte gun deigheadh gluasad air adhart leis gu aithghearr. (Gn̄iomh: IMT)

15 Plana conaltraidh mu Cho-Chomhairle Ofcom

Bha pàipear air beulaibh bhall, le fiosrachadh mu phlana conaltraidh na buidhne airson co-chomhairle Ofcom air dreach cead obrachaidh dhan BhBC, agus chaidh deasbad a chumail.

Bha buill riaraichte le na prionnsabalan agus chaidh aontachadh dreach freagairt a chuaireachadh air buill. (Gn̄iomh: DC)

16 Modailean obrach Co-bhanntachd BBC ALBA

Air 23/2/17 agus 21/3/17, bheachdaich am Bòrd air tabhartas a' BhBC airson BBC ALBA fon Chairt ùr airson 2017-2020. Chaidh aithneachadh gun toir na suas gu 100 uairean a bharrachd de nuadh-phrògraman a chaidh a thairgse fàs air uairean làitheil de phrògraman ùra air BBC ALBA, suas bho 1.8 gu 2.1 gach latha aig a' char as mothà, ach nach ceadaich e an targaid de 3 uairean a choileanadh. Mar thoradh, dh'iarr Buill air oifigearan coimhead ri roghainnean a dh'fhaodadh a bhith ann feuch am b' urrainn seòrsa eile de cho-bhanntachd na 3 uairean gach latha a choileanadh. Gu sònraichte, mhol buill gun rachadh coimhead air modail Maoin (Fund) airson MG ALBA agus air modal far am biodh MG ALBA a' cur prìs air na prògraman a tha am buidheann a' toirt dhan BhBC airson BBC ALBA.

Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh air diofar mhodailean obrach a dh'fhaodadh a chuir an sàs agus chaidh deasbad a chumail. Chaidh aontachadh: a) gu nochdad seo mar phuing aig toiseachd a' chlàr aig gach coinneamh bùird; b) gu leanadh air adhart le coinneamhan aig àrd ìre leis a' BhBC; c) nach deigheadh co-dhùnaidhean sam bith a ghabhail gus an cluinnear co-dhùnaidhean bho Ofcom a thaobh cead-obrachaidh; d) còmhraidhean a chumail le Riaghaltas na h-Alba. (Gníomh: DC)

17 BBC – adhartas agus molaidhean

Bha pàipear air beulaibh bhall mun adhartas leis a' BhBC mu cheumannan practaigeach a bhathas a' gabhail airson buannachd an gealladh de 100 uairean a thìde, agus naidheachdan air an deireadh sheachdain, fhaicinn air BBC ALBA agus chaidh deasbad a chumail. Chaidh aontachadh gu leanadh na h-oifigearan air adhart ann an co-obrachadh leis a' BhBC gus freagairtean fhaighinn. (Gníomh: DC)

18 Poileasaidh: Duais sheirbheis fhada

Faic puing 1.

19 Aonta air prògraman

Cha robh gin ann airson a' chairteil seo.

20. Measadh Chunnartan

Bha clàr nan cunnartan, air ùrachadh an dèidh molaidhean Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidd air 18/5/17, air beulaibh bhall. Chaidh còmhradh a chumail agus bha buill riaraichte.

21. + 22 Aithisg bhon luchd-sgrùdaidh + Cunntasan bliadhnaile

Bha na Cunntasan Reachdail airson na bliadhna a dhùin 31 Màrt 2017 air beulaibh bhall airson aonta. Chaidh na Cunntasan a thaisbeanadh chun Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidd air 18/5/17 leis an Stiùiriche Ionmhais agus rinn an luchd-sgrùdaidh còmhradh mionaideach leis a' Chomataidh air na lorg iad san sgrùdadadh. Cha do thog an sgrùdadadh duilgheadasan mòra sam bith agus tha Deloitte air aithisg sgrùdaidh gun chumhachan (unqualified) a thoirt seachad. Chaidh aontachadh gun deigheadh iomradh air àrdachadh ann an cosgaisean rianachd a làimhseachadh taobh a-staigh Lèirmheas an Àrd-Oifigeir san Aithisg Bhliadhnaile.

Bha buill riaraichte le na Cunntasan Reachdail agus chaidh an aontachadh.

22. Aithisg Bhliadhnaile 2016/17

Thèid an Aithisg Bhliadhnaile 2016-17 fhoillseachadh san Ògmhios 2017 còmhla ri Cunntasan Reachdail na buidhne. Air beulaibh bhall, bha tionndadh de theacsa na h-Aithisg Bhliadhnaile airson a' Bhùird, le fainear air a thoirt de mholaidhean a' Bhùird agus an luchd-sgrùdaidh cheana.

An dèidh còmhradh, chaidh aontachadh gun deigheadh atharrachaidhean a dhèanamh agus an tionndadh deireannach a chuaireachadh air buill agus luchd-sgrùdaidh. (Gníomh: MAMI)

24 Aithisgean air dèanadas – Q4 2016/17

Chaidh na h-aithisgean a chomharrachadh.

25 GISBE

Chaidh meal-a-naidheachd a chuir air an Stiùiriche Ionmhais agus air an Deasaiche Seanail a bha an làthair aig a' choinneamh. Bha iad fhèin, agus am Manaidsear Gníomhachais nach robh an làthair, a' comharrachadh 25 bliadhna san obair. Chaidh taing a thoirt dhaibh airson an obair ionmholta fad bhliadhnaichean.

Chaidh a chomharrachadh gu robh MneTV mar chompanaidh a' tighinn gu crìch a dh'aithghearr agus chaidh an obair aca fad bhliadhnaichean a chomharrachadh.

Chaidh a chomharrachadh gu robh cùmhnant Media House a' tighinn gu crìch air 31/6/17 agus chaidh an obair aca a chomharrachadh.

26 Deit agus ionad na h-ath choinneimh: 21/9/17, Steòrnabhagh

Ainm sgrìobhte a' Chathraiche:

Deit: